

A' leasachadh a h-uile cuairt- siubhail



Plana bliadhnail
Ùine cùmhnaint 1
An Dàmhair 2025 – am Màrt 2026



Clàr-ama

Facal-toisich

Fòcas ro-innleachdach

Prìomh-amasan agus cuimsean

Prìomh-amas 1.1 – Bithibh earbsach agus ath-sheasmhach

Prìomh-amas 1.2 – Bithibh fosgailte agus trìd-shoilleir

Prìomh-amas 2.1 – Bithibh air ur stiùireadh le custamairean

Prìomh-amas 3.1 – Bithibh a' cur na coimhearsnachd aig a' chridhe

Prìomh-amas 4.1 – Bithibh cùramach a thaobh na h-àrainneachd

Co-dhùnadh



Facal-toisich

Tha am plana corporra 2025–2031 aig Cailleanach Mac a' Bhriuthainn a' cur an cèill ro-innleachd dhàna, chruth-atharrachail airson seirbheisean aiseig a libhrigeadh fon treas cùmhnannt Seirbheisean Aiseig Chluaidh agus Innse-Gall (CHFS3).

Air ar freumhachadh ann an adhbhar leantainneach na buidhne againn – a bhith a' seòladh nan uisgeachan, a' dèanamh cinnteach gum bi beatha a' soirbheachadh ge bith càit a bheil sinn – tha am plana a' cur an cèill lèirsinn fhad-ùineach leis am bi sinn a' libhrigeadh seirbheisean aiseig earbsach a tha so-sheasmhach, amalaichte, sàbhailte agus so-ruigsinneach, seirbheisean a tha gu gnìomhach a' toirt taic do shoirbheachas eaconamach is cultarach nan coimhearsnachdan sna h-eileanan, costaichean agus rosan a tha sinn a' frithealadh. Tha am plana a' toirt taic do libhrigeadh Plana Cheanglaichean nan Eilean aig Riaghaltas na h-Alba, agus do phrìomhachasan nàiseanta nas fharsainghe, a' cur choimhearsnachdan aig cridhe libhrigeadh sheirbheisean.

Tha am plana bliadhnail seo ag eadar-theangachadh comhair ro-innleachdail a' phlana chorporra gu amasan so-ghnìomhach airson na bliadhna shònraichte, a' dèanamh cinnteach gum bi gach ceum a thathar a' gabhail a' cur ris ar lèirsinn agus prìomh-amasan fad-ùineach ann an dòigh bhrìghmhor.

Adhbhar a' phlana bhliadhnail

Bidh am plana bliadhnail againn: a' cur an gnìomh prìomhachasan a tha a' buntainn don bhliadhna shònraichte; a' riachdadh ghoireasan gu h-èifeachdach; agus a' tracadh adhartas fa chomhair ghealltanasan ro-innleachdail. Tha e a' toirt seachad frèam-obrach structaraichte airson libhrigeadh, a' dèanamh cinnteach gu bheil gnìomhan air an gabhail thar an lionraidh a' co-thaobhadh an dà chuid ri feumalachdan choimhearsnachdan agus ri dùilean Mhinistearan. Le bhith a' cur air adhart amasan soilleir agus slatan-tomhais coileanaidh, tha am plana a' toirt taic do cho-thaobhadh na buidhne, trìd-shoilleireachd agus cunntachalachd, a' leigeil le Cailleanach Mac a' Bhriuthainn a bhith a' nochdadh agus a' libhrigeadh luach poblach agus leasachadh leantainneach sna seirbheisean againn.

'S e a' chosgais iomlan airson am plana seo a libhrigeadh, a' gabhail a-steach na seirbheisean air an ainmeachadh san t-sònrachadh, £188.5 millean — air a dèanamh suas de £179 millean ann am maoineachadh teachd-a-steach agus £9.5 millean ann am maoineachadh calpa. Tha am maoineachadh seo a' cumail suas na gealltanasan, a thaobh obrachadh agus ro-innleachd, a tha air an cur an cèill san sgrìobhainn seo.

Farsaingeachd agus frèam-ama

Tha am plana bliadhnail seo a' dèiligeadh ris an ùine 1 Dàmhair 2025 – 31 Màrt 2026, a' chiad ùine den chùmhnannt CHFS3. Tha e a' buntainn ris na seirbheisean aiseig uile a tha Cailleanach Mac a' Bhriuthainn ag obrachadh air feadh lìonra Chluaidh is Innse-Gall.

■ Fòcas Ro-innleachdach

'S e am prìomh fòcas againn airson na bliadhna seo, agus airson nam bliadhnaichean leantainneach, a bhith a' libhrigeadh nan seirbheisean a dh'ainmicheadh san t-sònrachadh CHFS3, air an dealbhachadh le grunn phrìomh fhactaran:

- an t-eadar-ghluasad gu modail far a bheil an t-seirbheis fo smachd poblach;
- toirt a-steach shoithichean ùra agus leasachaidhean do dh'ìre a' bhun-structair;
- dùbhlain leantainneach, a' gabhail a-steach so-mhaoinean a tha ag aoiseachadh, buairidhean ceangailte ri atharrachadh gnàth-shìde agus cuideaman air an fheachd-obrach;
- an riatanas a bhith a' libhrigeadh luach an airgid ann an co-theacsa maoinachadh poblach cuingealaichte.

Prìomhachasan ro-innleachdail airson na bliadhna

Mar fhreagairt ris na factaran seo, tha na prìomhachasan ro-innleachdail againn, air am faighear geàrr-chunntas gu h-ìosal, a' cur fòcas air libhrigeadh fhreagairtean practaigeach a bhios a' neartachadh earbsachd, so-ruigsinneachd, amalachas agus so-sheasmhachd.

- A' meudachadh earbsachd le soithichean ùra, obair-ghlèidhidh fhor-ghnìomhach agus ùine dhìonta airson obair-ghlèidhidh.
- A' doimhneachadh com-pàirteachadh choimhearsnachdan tro fhòraman structaraichte, Bòrd Coimhearsnachd nam Bàtaichean-aiseig agus co-chomhairleachadh ionadail nas fheàrr.
- A' comasachadh siubhal leantainneach tro thiogaidean amalaichte, planadh chuiditean-siubhail fìor-ama agus com-pàirteachasan le solaraichean còmh-dhalach eile.
- A' gearradh na buaidh air an àrainneachd le bhith a' cur an gnìomh am Plana Beag-charboin, a' leasachadh èifeachdas connaidh agus ag ullachadh airson soithichean-dealain ùra a thoirt a-steach.
- Ag adhartachadh so-ruigsinneachd tron Ro-innleachd So-ruigsinneachd, bùird comhairleachaidh agus iomairtean airson dealbhadh ion-ghabhalach.

Thathar a' toirt taic do na prìomhachasan seo le prìomh-amasan is cuimsean a bhios a' stiùireadh libhrigeadh thar an lìonraidh, le fianais bho bhith a' libhrigeadh fa chomhair prìomh chomharran coileanaidh aontaichte.

Le Cailleanach Mac a' Bhriuthainn a' tòiseachadh air caibideil ùr fon chùmh-nant CHFS3, tha am plana bliadhnail seo a' nochdadh ar n-àrd-amais a bhith a' treòrachadh le ionracas, ag ùr-ghnàthachadh le adhbhar agus a' frithealadh le pròis. Tha e a' cur an cèill ar gealltanais gum bi sinn a' leasachadh a h-uile cuairt-siubhail — chan ann a-mhàin gu teicnigeach ach gu sòisealta, gu h-eaconamach agus gu h-àrainneachdail — airson nan coimhearsnachdan a tha a' cur earbsa annainn gach latha.

Prìomh-amasan agus cuimsean airson 2025/26

Tha am plana corporra 2025-2031 aig Cailleanach Mac a' Bhriuthainn air a thogail timcheall air na ceithir prìomhachasan ro-innleachdail ann am Plana Cheanglaichean nan Eilean (ICP), a tha mar chlach-bhunait poileasaidh nan aiseagan ann an Alba. Tha na prìomhachasan seo mar thoradh air mar a tha Riaghaltas na h-Alba an geall air seirbheisean aiseig a libhrigeadh a tha earbsach, so-ruigsinneach, amalaichte agus cùramach a thaobh na h-àrainneachd. Tha na prìomh-amasan corporra is cuimsean aig CalMac a' co-thaobhadh ris na prìomhachasan seo, a' dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile gnìomh a thathar a' gabhail a' cur ri toraidhean nas fheàrr airson choimhearsnachdan eileanach, rosach agus costail.

Gus dèanamh cinnteach gu bheil cunbhalachd is soilleireachd ann an libhrigeadh, tha na prìomh-amasan corporra is cuimsean a' sruthadh a-steach do ghnìomhan airson gach bliadhna shònraichte. Tha am modh-obrach structaraichte seo a' cruthachadh loidhne-amhairc shoilleir bhon ro-innleachd fhad-ùinich do libhrigeadh ghnòthaichean, a' leigeil leinn sùil a chumail air adhartas, goireasan a riarachadh gu h-èifeachdach agus a bhith a' cumail oirnn a bhith cunntachail an dà chuid do Mhinistearan na h-Alba agus do na coimhearsnachdan a tha sinn a' frithealadh.

Prìomhachas 1: Earbsach agus ath-sheasmhach

- Prìomh-amas 1.1: Bithibh earbsach agus ath-sheasmhach
 - › *Cuimse 1.1.1: Thoiribh seachad seirbheis aiseig a tha gu cunbhalach sàbhailte agus earbsach.*
- Prìomh-amas 1.2: Bithibh fosgailte agus trid-shoilleir
 - › *Cuimse 1.2.1: Cruthaichibh barrachd earbsa, thoiribh taic do luchd-ùidhe a bhith nas fhiosraichte agus altramaibh dàimhean nas treasa.*

Prìomhachas 2: So-ruigsinneach

- Prìomh-amas 2.1: Bithibh air ur stiùireadh le custamairean
 - › *Cuimse 2.1.1: Thoiribh seachad siubhal rèidh, leantainneach, co-chòrdach.*
 - › *Cuimse 2.1.2: Thoiribh cothrom nas fhasa agus nas cothromaiche do sheirbheisean aiseig.*
 - › *Cuimse 2.1.3: Dèanaibh cinnteach gum faod custamairean a bhucaigeadh agus a shiubhal nuair a dh'fheumas iad, le faraidhean cothromach agus comas-giùlain gu leòr.*

Prìomhachas 3: Amalaichte

- Prìomh-amas 3.1: Bithibh a' cur na coimhearsnachd aig a' chridhe
 - › *Cuimse 3.1.1: Libhrigibh seirbheis aiseig a tha a' co-fhreagairt nas fheàrr ri feumalachdan choimhearsnachdan.*
 - › *Cuimse 3.1.2: Togaibh feachd-obrach làidir, comasach, ionadail.*
 - › *Cuimse 3.1.3: Cuidichibh coimhearsnachdan a bhith a' soirbheachadh le bhith a' toirt taic do ghnòthachasan ionadail agus a' cruthachadh luach maireannach airson choimhearsnachdan.*

Prìomhachas 4: Buaidh air an àrainneachd agus beag-charbon

- Prìomh-amas 4.1: Bithibh cùramach a thaobh na h-àrainneachd
 - › *Cuimse 4.1.1: Cruthaichibh àrainneachd a tha nas glaine agus nas fallaine.*

Prìomhachas 1: Earbsach agus ath-sheasmhach



Prìomh-amas

1.1 Bithibh earbsach agus ath-sheasmhach

»Cuimse(an)

1.1.1 Thoiribh seachad seirbheis aiseig a tha gu cunbhalach sàbhailte agus earbsach.

Gus am prìomh-amas seo a libhrigeadh, bidh sinn:

- A' cur a-steach ann an seirbheis *MV An t-Eilean Ìleach* agus a' gabhail ri libhrigeadh *MV Loch an Dàil* gus earbsachd a' chabhlaich a chur am meud.
- A' solarachadh dàrna criutha air an t-seirbheis tarsainn Caolas Bharraigh gus taic a thoirt do dhà sheòladh a-null 's a-nall a bharrachd, a' cur spionnadh ann an ceanglachd eadar-eileanach agus a' cur gu mòr ri ath-sheasmhachd na seirbheise chun agus taobh a-staigh nan Eilean Siar.
- A' solarachadh seirbheis Claonaig-Loch Raonasa sa gheamhradh, a' toirt seachad ath-sheasmhachd riatanach a bharrachd do choimhearsnachdan Arainn rè bhuairidhean.
- A' cumail a' dol leis a' phrògram measadh cor nan soithichean gus leigeil le lorg thràth fhaighinn air dol am miosad ceangailte ri aois, a' comasachadh obair-ghlèidhidh fhor-ghnìomhach agus a' lùghdachadh bhuairidhean seirbheise neo-phlanaichte.
- A' cleachdadh anailis dàta gus pàirtean a chòrr a shònrachadh, a' dèanamh cinnteach gu bheil pàirtean riatanach rim faotainn airson obair-ghlèidhidh ann an deagh àm agus ath-sheasmhachd nas fheàrr ann airson sheirbheisean.
- Ag amalachadh ùine dhionta airson obair-ghlèidhidh a-steach do chlàran-ama, a' gabhail a-steach soithichean air an cur gu seirbheisean eile, gus earbsachd leantainneachd seirbheise a ghlèidheadh.

Bidh fios againn gu bheil sinn air a' chuimse againn a choileanadh nuair a tha:

- Custamairean a' fulang nas ainneimhe bho chur dheth agus dàil air sgàth trioblaidean teicnigeach.
- Soithichean ùra a' libhrigeadh seirbheis a tha nas cofhurtaile, nas earbsaiche agus nas èifeachdaiche, le so-ruigsinneachd agus comas-giùlain nas fheàrr.
- Buaireadh air adhbharachadh le stadan air a lùghdachadh, mar thoradh air cabhlach a tha nas ath-sheasmhaiche agus nas sùbailte.

Bidh sinn a' meas seo tro na Prìomh Chomharran Coileanaidh a leanas:

- Reat faotainneachd shoithichean (%)
- Seòlaidhean air an cur dheth air sgàth chùisean teicnigeach (caladh agus soitheach) (%)
- Earbsachd fhìor (%)
- Pongalachd fhìor (%)
- Co-mheas luchd-siubhal/tubaistean
- Co-mheas ion-thubaistean
- Tricead thuiteamasan far a bheilear a' call ùine
- Co-mheas carbadan/tubaistean
- Tuiteamasan a dh'fheumar aithris do MAIB

Prìomhachas 1: Earbsach agus ath-sheasmhach



Prìomh-amas

1.2 Bithibh fosgailte agus trid-shoilleir

Cuimse(an)

1.2.1 Cruthaichibh barrachd earbsa, thoiribh taic do luchd-ùidhe a bhith nas fhiosraichte agus altramaibh dàimhean nas treasa.

Gus am prìomh-amas seo a libhrigeadh, bidh sinn:

- A' foillseachadh geàrr-chunntas de dh'iarrrtasan Saorsa an Fhiosrachaidh (FOI) air an làraich-lìn againn gus dèanamh cinnteach gu bheil sinn fosgailte a thaobh com-pàirteachadh a' phobaill agus co-chòrdail a thaobh sgaoileadh fiosrachadh a chaidh iarraidh.
- A' foillseachadh geàrr-chunntasan coinneamhan a' Bhùird gus faicsinneachd cho-dhùnaidhean riaghlaidh a thoirt seachad agus an earbsa a th' aig luchd-ùidhe ann an ceannardas is trid-shoilleireachd na buidhne a chur am meud.
- A' foillseachadh phlanaichean corporra, gnothachais agus libhrigidh gus am faod sinn cur an cèill gu soilleir prìomhachasan, gealltanasan agus dùilean coileanaidh na buidhne, gan toirt seachad ann an tionndaidhean Beurla, Gàidhlig agus Furasta ri Leughadh gus feumalachdan chustamairean a fhreagairt nas fheàrr.
- A' leasachadh agus a' cur an gnìomh ro-innleachd com-pàirteachadh luchd-ùidhe, a' gabhail a-steach cruthachadh fòram airson ùghdarrasan ionadail, taic leantainneach do Bhòrd Coimhearsnachd nam Bàtaichean-aiseig agus cumhaichean iomraidh bun-tomhasaichte gus co-obrachadh cunbhalach, ion-ghabhalach agus trid-shoilleireach a bhrosnachadh.

Bidh fios againn gu bheil sinn air a' chuimse againn a choileanadh nuair a tha:

- Custamairean comasach air am fiosrachadh as ùire, soilleir a lorg gu furasta air mar a tha sinn a' coileanadh agus na tha sinn a' dèanamh gus piseach a chur air gnothaichean.
- Daoine a' faireachdainn nas fhiosraichte mu na prìomhachasan againn agus nas misneachaile gu bheil na co-dhùnaidhean againn stèidhichte air feumalachdan flora agus fios air ais.
- Luchd-ùidhe ag innse dhuinn gur urrainn dhaibh faicinn mar a tha sinn a' libhrigeadh air na gealltanasan againn – agus nuair a tha sinn air a bhith onorach mu dhùbhlain.

Bidh sinn a' meas seo tro na Prìomh Chomharran Coileanaidh a leanas:

- Foillseachadh ann an àm de staitisgean coileanaidh air an làraich-lìn (%) *
- Fiosrachadh FOI air fhoillseachadh ann an deagh àm (%)
- Planaichean Libhrigidh air am foillseachadh ann an deagh àm (%) *
- Clachan-mìle libhrigidh air an coileanadh ann an deagh àm (%) *
- Geàrr-chunntasan coinneamhan a' Bhùird air am foillseachadh ann an deagh àm (%) *
- Clàran-ama air am foillseachadh ann an deagh àm gu cinn-ama aontaichte (%) *

* Air am measadh gach bliadhna

Prìomhachas 2: So-ruigsinneach



Prìomh-amas	2.1 Bithibh air ur stiùireadh le custamairean
Cuimse(an)	2.1.1 Thoiribh seachad siubhal rèidh, leantainneach, co-chòrdach. 2.1.2 Thoiribh cothrom nas fhasa agus nas cothromaiche do sheirbheisean aiseig. 2.1.3 Dèanaibh cinnteach gum faod custamairean a bhucaigeadh agus a shiubhal nuair a dh'fheumas iad, le faraidhean cothromach agus comas-giùlain gu leòr.
Gus am prìomh-amas seo a libhrigeadh, bidh sinn: – Ag adhartachadh fharaidhean lasaichte didseatach, a' gabhail a-steach dhaibhsan a tha fo 22, gus cothrom orra a dhèanamh nas èifeachdaiche agus gnàth-eòlas chustamairean a leasachadh tro phròiseasan simplichte didseatach. – A' leasachadh ìre nan siostaman-fòn gus comasachd seirbheise chustamairean a chur am meud, làimhseachadh iarrtasan fòn a leasachadh agus riarachas iomlan an luchd-cleachdaidh a mheudachadh. – A' stèidheachadh Bòrd Comhairleachaidh air So-ruiginneachd gus ion-chur structaraichte bho luchd-siubhail ciorramach agus buidhnean tagraidh a neartachadh – Pileat a dhèanamh air sgeama gus freagairt a lorg gus luchd-siubhail le cion-lèirsinne a chuideachadh le bhith a' lorg slighe agus so-ruigsinneachd thar prìomh chinn-uidhe a leasachadh. – A' leabachadh atharrachaidhean do na Teirmichean is Cumhaichean airson bucaidhean bloca, gus an àireamh de dhaoine a tha a' cur dheth aig a' mhionaid mu dheireadh a lùghdachadh, an àireamh de dhaoine nach eil a' nochdadh airson bucadh isleachadh agus piseach a thoirt air cleachdadh deic nan carbadan san fharsaingeachd. – A' cumail oirnn a bhith a' dèanamh luachadh air agus, far a bheil e iomchaidh, a' rolaigeadh a-mach am pileat gus àite air an deic a chleachdadh nas fheàrr, mar fhreagairt do dh'iarrtasan coimhearsnachd. - A' dèanamh luachadh air uidheaman gus measadh a dhèanamh air iarrtas nach deach a choileanadh gus beàrnan a chomharrachadh eadar solar sheirbheisean agus feumalachdan chustamairean, a' fiosrachadh planadh sheirbheisean san àm ri teachd. Bidh fios againn gu bheil sinn air a' chuimse againn a choileanadh nuair a tha: – Cuairtean-siubhail a' faireachdainn nas leantainniche do luchd-siubhail, le seirbheisean a' co-thaobhadh nas fheàrr ri seirbheisean sholaraichean-siubhail eile. – Custamairean ciorramach ag innse dhuinn gu bheil an t-seirbheis a' faireachdainn nas so-ruigsinniche, nas ionghabhalaiche agus nas co-fhreagraiche do am feumalachdan. – Custamairean a' faighinn buannachd à prìsean nas cothromaiche, le fianais shoilleir a tha a' nochdadh gu bheil a' libhrigeadh ath-leasachaidhean leithid siubhal an-asgaidh dhaibhsan a tha fo 22 agus faraidhean eileanach. – Barrachd chustamairean comasach air àite fhaighin air seòlaidhean aig an àm a tha a dhìth orra, le àitichean air deic nan carbadan air an rianachd ann an dòigh nas èifeachdaiche agus nas lugha de sheòlaidhean nach gabh bucaigeadh mar thoradh air fo-chleachdadh comas-giùlain.	

Prìomhachas 2: So-ruigsinneach



Prìomh-amas	2.1 Bithibh air ur stiùireadh le custamairean
Cuimse(an)	2.1.1 Thoiribh seachad siubhal rèidh, leantainneach, co-chòrdach. 2.1.2 Thoiribh cothrom nas fhasa agus nas cothromaiche do sheirbheisean aiseig. 2.1.3 Dèanaibh cinnteach gum faod custamairean a bhucaigeadh agus a shiubhal nuair a dh'fheumas iad, le faraidhean cothromach agus comas-giùlain gu leòr.
Bidh sinn a' meas seo tro na Prìomh Chomharran Coileanaidh a leanas: – OSAT chustamairean (riarachas san fharsaingeachd) (%) – Sgòr earbsa chustamairean (%) – Custamairean a' cleachdadh shiostaman didseatach (%) – Sgòr furasta ri siubhal (%) – Fuasgladh aig a' chiad ais-fhiosrachadh – Gearanan a h-uile 1,000 neach-siubhail – Molaidhean/gearanan a thaobh so-ruigsinneachd – Gnìomhan bho sgrùdadh so-ruigsinneachd air an lìbhrigeadh ann an deagh àm (%) – Cleachdadh deic nan carbadan thar cheann (%) – Cleachdadh bucaidhean bloca (%)	

Prìomhachas 3: Amalaichte



Prìomh-amas	3.1 Bithibh a' cur na coimhearsnachd aig a' chridhe
Cuimse(an)	3.1.1 Libhrigibh seirbheis aiseig a tha a' co-fhreagairt nas fheàrr ri feumalachdan choimhearsnachdan. 3.1.2 Togaibh feachd-obrach làidir, comasach, ionadail. 3.1.3 Cuidichibh coimhearsnachdan a bhith a' soirbheachadh le bhith a' toirt taic do ghnothachasan ionadail agus a' cruthachadh luach maireannach airson choimhearsnachdan.
Gus am prìomh-amas seo a libhrigeadh, bidh sinn: – A' cumail oirnn a' leabachadh Modail Com-pàirteachaidh Mheudaichte tro lionra nam manaidsèaran sgìre againn gus co-obrachadh le coimhearsnachdan is luchd-ùidhe a neartachadh tro chonaltradh nas structaraichte is nas ion-ghabhalaiche. – A' cumail oirnn ag obair le coimhearsnachdan gus clàran-ama a dhealbhadh airson shoithichean ùra a tha a' coileanadh feumalachdan choimhearsnachdan ann an dòigh nas fheàrr. – A' leasachadh Plana Buannachd Coimhearsnachd gus preantasachdan is cothroman cùrsa-obrach tràtha a leudachadh, a' brosnachadh tàlant ionadail ann am feachd-obrach nan aiseagan. – A' foillseachadh Plana Co-ionannachdan Feachd-obrach gus iomadachd, ion-ghabhaltas agus cothroman co-ionann a chur air adhart thar a h-uile raon fastaidh. – Ag ath-shuidheachadh na Maoin Coimhearsnachd gus taic a thoirt do dh'iomairtean ionadail a tha a' libhrigeadh luach sòisealta is eaconamach sna sgìrean a thathar a' frithealadh. – A' neartachadh taic airson sholaraichean ionadail gus spionnadh a chur ann an eaconamaidhean roinneil agus solarachadh so-sheasmhach, stèidhichte air coimhearsnachdan, a bhrosnachadh. Bidh fios againn gu bheil sinn air a' chuimse againn a choileanadh nuair a tha: – Riochdairean coimhearsnachd agus luchd-ùidhe a' faireachdainn gu bheil gan cluinntinn agus gu bheil am beachdan a' fiosrachadh cho-dhùnidhean. – Earbsa choimhearsnachdan a' fàs, agus tha custamairean ag innse dhuinn, tro ais-fhiosrachadh cunbhalach agus tro shuirbhidhean, gu bheil an t-seirbheis a' coileanadh am feumalachdan ann an dòigh nas fheàrr. – Iarrtasan bho choimhearsnachdan eileanach is costail ag èirigh, gu h-àraid ann an dreuchdan a tha doirbh ri lìonadh no a bha dì-riochdaichte gu h-eachdraidheil. – Com-pàirteachasan nas treasa ann le buidhnean turasachd agus coimhearsnachd, le fianais air sin bho cho-iomairtean, tachartasan co-roinnte no stuthan co-bhranndaichte. Bidh sinn a' meas seo tro na Prìomh Chomharran Coileanadh a leanas: – OSAT nan Eileanach (riarachas san fharsaingeachd) (%) – Sgòr earbsa nan Eileanach (%) – Uairean-a-thìde de chom-pàirteachadh coimhearsnachd (u-a-t) – Luchd-cosnadh bho bhuidhnean eadar-mheasgte (%) * – Luchd-cosnadh a' fuireach gu h-ionadail ann an coimhearsnachdan (%) * – Bathar ionadail air a reic air bòrd (%)	

Prìomhachas 4: Buaidh air an àrainneachd agus beag-charbon



Prìomh-amas

4.1 Bithibh cùramach a thaobh na h-àrainneachd

Cuimse(an)

4.1.1 Cruthaichibh àrainneachd a tha nas glaine agus nas fallaine.

Gus am prìomh-amas seo a libhrigeadh, bidh sinn:

- A' meudachadh na h-ìre dham bheilear a' cumail sùil air connadh thar a' chabhlaich gus taic a thoirt do lùghdachadh eimiseanan, piseach a chur air caitheamh agus ceumannan so-sheasmhachd fhiosrachadh san àm ri teachd.
- A' cur an gnìomh Plana Beag-charboin gus buaidh àrainneachdail ar n-obrach a lùghdachadh agus taic a thoirt do thargaidean nàiseanta airson neoni lom tro chleachdaidhean nas so-sheasmhaiche.
- A' cumail oirnn a' toirt taic don phrògram airson soithichean beaga a' chabhlaich ionadachadh le soithichean-dealain ùra, rud a bhios a' lùghdachadh eimiseanan agus fuaim gu ìre mhòr.
- A' toirt taic do dh'oidhirpean CMAL a thaobh cleachdadh chonnaidhean eile a rannsachadh gus taic a thoirt don eadar-ghluasad gu obrachaidhean aiseig beag-charboin airson a' chòrr de chabhlach ChalMac.

Bidh fios againn gu bheil sinn air a' chuimse againn a choileanadh nuair a tha:

- Ais-fhiosrachadh bho choimhearsnachdan a' sealltainn riarachas nas motha le oidhirpean àrainneachdail agus gu bheil atharrachaidhean a' nochdadh phrìomhachasan is iomagainnean ionadail.
- Coimhearsnachdan ionadail a' faicinn nas lugha de thruailleadh nuair a tha soithichean ùra air an toirt a-steach.
- Barrachd truilleis ga h-ath-chuairteachadh no ga h-ath-chleachdadh aig calachan, le nas lugha de sgudal agus de nithean a tha gan cleachdadh aon turas rim faicinn ann an àitichean poblach.

Bidh sinn a' meas seo tro na Prìomh Chomharran Coileanaidh a leanas:

- Lùghdachaidhean ann an eimisean Sgòp 2 is 3
- Truilleis air a h-ath-chuairteachadh (%)
- Truilleis air a cur gu lìonadh-talmhainn (%)

Co-dhùnadh

Tha am plana bliadhnail seo a' comharrachadh a' chiad cheuma ann a bhith a' libhrigeadh ar lèirsinne fad-ùinich: a bhith a' libhrigeadh seirbheis aiseig earbsach, a tha so-sheasmhach, amalaichte, sàbhailte agus so-ruigsinneach – nì a tha a' toirt taic gu gnìomhach do shoirbheachas eaconamach is cultarach nan coimhearsnachdan sna h-eileanan, costaichean agus rosan a tha sinn a' frithealadh.

Tha e a' cur an cèill prìomhachasan soilleir airson na bliadhna ri teachd — a' leasachadh earbsachd, a' doimhneachadh com-pàirteachadh choimhearsnachdan, ag adhartachadh amalachas agus a' lùghdachadh buaidh àrainneachdail — fhad 's a thathar ag aithneachadh gu bheil iad seo mar phàirt de shlighe cruth-atharrachaidh nas fharsainge.

Cha bhi na gnìomhan a thathar a' cur an cèill an seo a' coileanadh na slighe sin, ach bidh iad a' stèidheachadh bonn airson adhartas brioghmhor, so-thomhas. Le bhith a' toirt a-steach soithichean ùra, a' neartachadh chom-pàirteachasan, a' leabachadh chleachdaidhean ion-ghabhalach agus a' luathachadh iomairtean beag-charboin, tha sinn a' togail na h-ath-sheasmhachd is comasachd a bhios a dhìth oirnn san àm ri teachd.

Tha an t-àrd-amas againn sìmplidh ach domhain: a bhith a' leasachadh a h-uile cuairt-siubhail, chan ann a-mhàin gu teicnigeach ach san luach shòisealta, eaconamach agus àrainneachdail a tha sinn a' libhrigeadh. Tha am plana seo mar ghealltanais don àrd-amas sin — gealltanais a bhith a' treòrachadh le ionracas, ag ùr-ghnàthachadh le adhbhar agus a' frithealadh le pròis agus sinn a' gluasad air adhart don ath chaibideil de CHFS3 agus nas fhaide air adhart.

